

Litir do Luchd-Ionnsachaidh le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk **

Air an aonamh là fichead dhen Dàmhair, ochd deug 's a còig (1805), chaochail am Morair Nelson, agus an cabhlach aige a' dèanamh a' ghnòthaich air na Spàinntich is na Frangaich aig Trafalgar. Aig an dearbh àm 's a bha Nelson a' bàsachadh, is ag iarraidh air a charaid Hardy pòg a thoirt dha, bha mòran air a' Ghaidhealtachd an sàs ann an obair a dh'fhàgadh dìleab mhòr as an dèidh.

Bha còig ceud aca timcheall Inbhir Nis, agus bha na ficheadan eile anns a' Chorcaich, faisg air a' Ghearastan. Bha iad le chèile a' togail Faoighteach a' Chaledonian – aig gach ceann dhith. Ann an Inbhir Nis, bha clachairean ann, feadhainn aca à Sasainn is a' Chuimrigh. Bha seòladairean air eathraichean a bha a' giùlain clachan a dh'ionnsaigh beul na faoightich aig Clach na h-Aithrigh. Agus bha làmh-obraichean ann a bha a' dèanamh obair-làimhe a bha gu math trom.

Anns a' Chorcaich, ge-tà, cha robh cùisean cho math. Bha an àireamh de làmh-obraichean a bh' aig a' mhanaidsear ann a sin, Iain Telford (nach robh càirdeach don fhear a bha os cionn a' phròiseict gu lèir, Tòmas Telford), air tuiteam gu mòr. Cha robh aige anns an Dàmhair ach an treas cuid de na bh' aige trì mìosan roimhe sin.

Agus dè bh' air tachairt don luchd-obrach? Uill, bha mòran aca air a dhol dhachaigh airson an arbhar a bhuaibh no airson iasgach an sgadain. 'S dòcha gu robh duine no dithis trang anns a' mhonadh a' dèanamh uisge-beatha! Bha Iain Telford air a shàrachadh.

Ach bha spèis aige do mhuinntir na Gaidhealtachd a dh'aindeoin sin. Cha b' ann mar sin a bha e do Mhata MacDhaibhidh, ge-tà. Bha esan os cionn ghnòthaichean aig ceann a tuath na faoightich, agus chanadh Iain Telford mu dheidhinn nach 'gabhadh e suidheachan ann an nèamh nan robh Albannach sam bith a' faighinn àite ann! Bha sin a dh'aindeoin 's gun do rugadh e ann an ceann a deas na h-Alba fhèin!

Chan eil fhios a'm dè lorg e ann an nèamh oir chaochail e ann an ochd-deug is a naoi-deug (1819), agus cha robh an fhaoighteach deiseil fhathast, ged a bha i fosgailte eadar Inbhir Nis agus Cille Chuimein. Ach chum e a' dol na b' fhaide na Iain Telford a chaochail ann an ochd-deug 's a seachd (1807)

Bha Tòmas Telford dhen bheachd gun cosgadh e seachd bliadhna ann a bhith a' togail na faoightich agus gum biodh i feumail do bhataichean-cogaidh airson a dhol bho chosta gu costa anns a' chogadh an aghaidh Napoleon. Uill, bha an cogadh an aghaidh Napoleon seachad agus bha an fhaoighteach fhathast gun a bhith deiseil. Am measg na dh'adhbharaich an dàil bha fear de na h-uachdarain leis an robh fearann trom biodh an fhaoighteach a' dol – Alasdair MacDhòmhnail à Gleanna Garadh.

Bha am fearann aige timcheall Loch Omhaich – fear de na lochan anns a' Ghleann Mhòr trom bi bàtaichean a' dol. Ann an ochd-deug is aon-deug (1811), chaidh airgead a thabhann dha ach dhiùlt e e. Bha e ag iarraidh barrachd. Grunn tursan as dèidh sin, dh'fheuch Tòmas Telford agus an luchd-lagha aige tighinn gu aonta leis air a' phrìs. Mu dheireadh chaidh iad gu cùirt agus chaidh deich mìle not a thoirt dha.

Cha robh MacDhòmhnail riaraichte agus dh'adhbharaich e tòrr thrioblaidean. Air an là a dh'fhosgail an fhaoighteach mu dheireadh ann an ochd-deug is dhà ar fhichead (1822), bha an t-eagal ann gun cuireadh e fhèin is luchd-obrach aige (aig an robh armachd) stad air an t-soitheach a bha làn àrd-urrachan. An àite sin, ge-tà, chaidh e air bòrd is chaidh e don chuir anns a' Ghearastan, far an do ghabh e deoch-slàinte còmhla ri càch.

* * *

Faclan na seachdaine: cabhlach: *fleet*; pòg: *kiss*; Faoighteach a' Chaledonian: *the Caledonian Canal*; clachairean: *masons*; Clach na h-Aithrigh: *Clachnaharry*; làmh-obraichean: *labourers*; obair-làimhe: *manual work*; an Dàmhair: *October*; Mata MacDhaibhidh: *Matthew Davidson*; Cille Chuimein: *Fort Augustus*; dail: *delay*; uachdaran: *landlord*; Loch Omhaich: *Loch Oich*; àrd-urrachan: *dignitaries*; cuirm: *feast*.

Abairtean na seachdaine: chaochail am Morair Nelson: *Lord Nelson died*; a' dèanamh a' ghnòthaich air: *beating, defeating*; a dh'fhàgabh dìleab mhòr as an dèidh: *that would leave a great legacy behind them*; bha na ficheadan eile anns a' Chorpach, faisg air a' Ghearastan: *dozens (twenties) of others were in Corpach, close to Fort William*; aig gach ceann dhith: *at each end of it (fem.)*; bha seòladairean air eathraichean a bha a' giùlain clachan: *there were sailors on boats that were carrying stones*; a dh'ionnsaigh beul na faoightich: *to(wards) the mouth of the canal*; nach robh càirdeach don fhear a bha os cionn a' phròiseict gu lèir: *who was not related to the man who was in charge of (above) the entire project*; cha robh aige ach an treas cuid a bh' aige trì mìosan roimhe sin: *he only had a third of what he had 3 months before that*; airson an arbhar a bhuaibh: *to harvest their corn*; bha X air a shàrachadh: *X was tormented*; nach gabhadh e suidheachan ann an nèamh: *he wouldn't take a seat in heaven*; gun cosgadh e seachd bliadhna ann a bhith a' togail na faoightich: *that it would take seven years to build (in building) the canal*; fhathast gun a bhith deiseil: *still not finished*; trom biodh an fhaoighteach a' dol: *through which the canal would go*; Alasdair MacDhòmhnail à Gleann Garadh: *Alasdair MacDonell of Glengarry*; dh'adhbharaich e tòrr thrioblaidean: *he made lots of trouble(s)*; far an do ghabh e deoch-slàinte: *where he made toasts*; còmhla ri càch: *along with the others*.

Puing-ghràmar na seachdaine: air an aonamh là fichead dhen Dàmhair: *on the 21st day of October. Counting with ordinal numbers sometimes poses problems for Gaelic learners, at least with higher numbers. Actually, between twenty and thirty it is fairly straightforward. The 21st is either an t-aonamh là fichead or an t-aonamh là ar fhichead (the ar is equivalent to thar; for counting today the spelling is standardized as ar). The 22nd book is an dàrna leabhar fichead or an dàrna leabhar ar fhichead. The 23rd psalm is an treas salm fichead or an treas salm ar fhichead. The 24th person is an ceathramh duine fichead or an ceathramh duine ar fhichead. Above 24 the numbers operate in a similar way, eg an còigeamh duine fichead or an còigeamh duine ar fhichead up to eg an naoidheamh duine fichead or an naoidheamh duine ar fhichead. There is no difference between masculine and feminine nouns except with three numbers – those involving 6, 7 and 8. For example, the 26th box is an siathamh bogsa fichead (bogsas is masculine) but the 26th shoe is an t-siathamh bròg fichead (bròg is feminine). We say an seachdamh bogsa fichead but an t-seachdamh bròg fichead. With ochdamh there is a choice with a feminine noun. It is an t-ochdamh bogsa fichead but either an t-ochdamh bròg fichead or an ochdamh bròg fichead*

Gnàths-cainnt na seachdaine: cha b' ann mar sin a bha e do X: *that is not how it was for X*.

* "Litir do Luchd-Ionnsachaidh" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig